

Bursaraidh Leasachaidh Dealbh-chluich Gàidhlig: foirm-tagraidh practas agus stiùireadh

Tha am foirm-tagraidh practas agus an stiùireadh seo airson do chuideachadh ann a bhith a' sgrìobhadh dreachd den tagradh agad mus cuir thu gu Jotform e.

Dèan cinnteach gu bheil thu air na [Ceistean Cumanta](#) a leughadh mus tòisich thu air an tagradh agad. Ma tha ceistean a bharrachd agad mun Bhursaraidh Leasachaidh Dealbh-chluich Gàidhlig, cuir fios thugainn aig info@playwrightsstudio.co.uk.

'S e an ceann-latha airson tagraidhean **Dimàirt 12 Dàmhair aig 5f**.

Ciamar a tha am pròiseas taghaidh ag obair?

Thèid measachadh a dhèanamh air, agus thèid beachdachadh air, le luchd-obrach Stiùidio nan Dràmairean agus le riochdaire bho Chomhairle nan Leabhraichean.

Ann a bhith a' dèanamh co-dhùnadh, bidh am pannal a' beachdachadh air na leanas:

- An e an dòigh cheart a tha seo gus an dealbh chluich seo a leasachadh.
- Mar a b' urrainn Bursaraidh Leasachaidh Dealbh-chluich cur ris an sgrìobhadh agad agus ri adhartas le do dhreuchd.
- Comas do bheachd-smaoin.
- An dealas agad airson a bhith a' sgrìobhadh obair dràma dhan àrd-ùrlar.

Cruthachalachd

Cha tèid breithneachadh a dhèanamh air an tagradh agad a rèir cia mheud caractar a bhios ann no dè cho practaigeach 's a tha na beachdan-smaoin agad. Is e ar teachdaireachd dhut gun a bhith a' cuingealachadh do mhac-meanmna no a bhith a' faireachdainn cuibhrichte a thaobh nan sgeulachdan a tha thu airson innse no mar a tha thu airson an innse.

Fiosrachadh eile

A bharrachd air an fhiosrachadh a thug thu seachad san fhoirm phractas seo, feumaidh tu na rudan a leanas a thoirt seachad mar phàirt den tagradh agad cuideachd:

- Fios conaltraidh (a' gabhail a-steach ainm, seòladh agus àireamh fòn-làimh).
- Fiosrachadh mu fheumalachdan conaltraidh no feumalachdan ruigsinneachd eile air am bu chòir fios a bhith againn gus taic a chumail riut ann a bhith a' gabhail pàirt sa Phrògram seo.
- Dà eisimpleir de sgrìobhadh. An dàrna cuid:
 - Dà às-earrannan 15 duilleagan a dh'fhaid de dhealbhan-cluich; no
 - Aon às-earrannan 15 duilleagan a dh'fhaid de dhealbhan-cluich agus aon às-earrannan mu 3,750 a dh'fhaid de sgrìobhadh ann an gnè-sgrìobhaidh sam bith
- Cunntas-beatha le fiosrachadh mun eachdraidh sgrìobhaidh agad gu ruige seo.

Thèid fios a thoirt do thagraichean mun cho-dhùnadh air an tagradh aca air no ro **Dihaoine 10 Dùbhlachd 2021**. Gur math a thèid leat leis an tagradh agad.

1. Innis dhuinn rud beag mu do dheidhinn fhèin agus mu na h-amasan agad airson do chuid sgrìobhaidh.

Mholamaid seo mar chunntas fhaclan: 500

2. Dè tha thu an dòchas fhaighinn às a' Bhursaraidh Leasachaidh Dealbh-chluich Gàidhlig? Innis dhuinn mar a chuidicheas e an sgrìobhadh agad/ le bhith a' cur air adhart do dhreuchd mar sgrìobhadair dràma. Carson a tha thu den bheachd gur e seo an taic cheart dhan dealbh-chluich agad?

Mholamaid seo mar chunntas fhaclan: 500

3. Innis dhuinn mun bheachd a tha thu airson toirt air adhart mar dhealbh-chluich.
Mholamaid seo mar chunntas fhaclan: 500

4. Thoir dhuinn fiosrachadh sam bith mu do dheidhinn a tha thu den bheachd a tha iomchaidh dhan tagradh agad.

Leig fios thugainn ma tha fiosrachadh sam bith a bharrachd a bu chòir a bhith aig a' phannal nad bheachd, mar phàirt den tagradh agad. Bithear a' pròiseasadh Foirm na Co-ionannachd a lion thu mar phàirt den tagradh fa leth agus gun urra agus mar sin, chan eilear a' coimhead air mar phàirt den tagradh agad. Ach ma tha bacaidean air a bhith ann ron leasachadh agad a tha thu den bheachd a tha cudromach dhan tagradh agad, cleachd an t-àite seo gus innse dhuinn mu dheidhinn.